



FAILTE

Tha sinn air leth toilichte gu bheil thu am beachd tighinn gu Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean (UHI). Tha UHI a' cleachdadhs siostam inntrigidh a tha còir agus fosgaithe le co-ionannachd-cothruim gun leth-bhreith. Bidh sinn a' measadh gach foirm TAGRAIDH a rèir airidheachd agus comas, gun breithneachadh air gnè, aois, ciorram, cinneadh no suidheachadh sòiseo-eaconomaigeach. Tha sinn a' cur failte air iarrtasan bho gach neach a tha a' rùnachadh a bhith na oilleanach agus tha e na amas dhuinn serbheisean ionchaidh is èifeachdach a thabhannd dha oilleanach le ciorraman.

MAR A CHUIREAS TU A-STEACH

Mus cuir thu tagradh a-steach, thoir sùil, air leabhran-iùil UHI airson fiosrachadh mu chùrsaichean, no rannsaich stòr-dàta cùrsaichean UHI air-loidhne aig: www.uhi.ac.uk/courses.

Aon uair is gu bheil thu air cursa a tha thu airson sgrùdadh a thaghadh, faodaidh tu am foirm tagraidh seo a lionadh a-staigh no faodaidh tu a dhèanamh air-loidhne le bhith taghadh an taba 'Tagradh' air duilleag-lìn a' chùrsa. Tha barrachd fiosrachaiddh air mar a nì thu tagradh air-loidhne aig: www.uhi.ac.uk/apply.

Bu chòir dhut tagraighean airson fo-cheumannan làn-ùine a dhèanamh tro UCAS, agus bu chòir dhut còd H49 airson Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean a chleachdad. Bu chòir tagraighean airson iar-cheumannan no sgrùdadh pàirt-ùine a chur dìreach chun an oilthigh fhèin. Faodaidh tu tagradh airson HNC no HND a chur dìreach chun an oilthigh fhèin cho fad's nach eil thu a' cur tagradh tro UCAS gu institiùidean eile. Ma tha thu a' dèanamh sin, bu chòir dhut tagradh UHI HNC/D a chur sìos mar aon de na roghainnean UCAS agad. Dèan cinnteach cuideachd gun cuir thu ann an còd campais ceart airson an àite sgrùdaidh a thagh thu; tha còdan campais air an liostadh air an duilleig leis an tiotal 'Far am faod thu sgrùdadh'. Airson tuilleadh fiosrachaiddh mu na campasan eadar-dhealaichte, rach gu: www.uhi.ac.uk/gd/arainnean. Tadhail air www.ucas.com airson cuideachadh agus fiosrachadh a bharrachd air mar a nì thu tagradh tro UCAS.

Ma tha ceist a bharrachd agad, cuir fòn dhan loidhne fiosrachaiddh againn air: **0845 272 3600** no cuir post-dealain gu: info@uhi.ac.uk.

CA' LIONADH FOIRM TAGRAIDH

Aon uair 's gu bheil thu air do chùrsa a thaghadh, lìon am foirm tagraidh cho math 's as urrainn dhut. Airson fiosrachadh air cursa, còd, ionad, agus modh ionnsachaidh, coimhead air na duilleagan buntainneach ann an leabhran-iùil UHI, no air stòr-data a' chùrsa: www.uhi.ac.uk/courses.

Tha cuid den fhiosrachadh a bhios sinn ag iarraidh, mar a' chinnidheachd agus an eachdraidh-obrach agad, air iarraidh airson sùil a chumail air cothromachd agus co-ionannachd ar modhan inntrigidh.

NA BU CHÒIR DHUT A CHUR SAN TAGRADH GUS TAIC A CHUR RIS

Dèan cinnteach gun do chuir thu na leanas an lùib an tagraidh agad, far a bheil e ionchaidh.

- An aithris phearsanta agad air pìos pàipeir fa leth
- Lethbhreac den teisteanas Bheurla agad, mur i a' Bheurla a' chìad chànan agad
- Lethbhreac de na h-ath-sgrìobhaidhean, teisteanasan, agus litir-theisteanais bhon àite-obrach agad (ma tha seo ionchaidh). Bu chòir dhaibh seo a bhith sa chànan thùsail agus mur i a' Bheurla, bu chòir dhaibh a bhith eadar-theangaichte gu h-iomlan dhan a' Bheurla le eadar-theangair oifigeil.
- Lethbhreac den chead-siubhail no chait-aithneachaidh agad mur eil thu nad neach-nàiseanta den RA.

FAR AN URRAINN DHUT IONNSACHADH

(còdan àrainnean UHI ann an camagan)

- (A) Colaiste Earra-Ghàidheil UHI – www.argyll.uhi.ac.uk
- (H) Colaiste Dhiadhachd na Gàidhealtachd UHI – www.htc.uhi.ac.uk
- (I) Colaiste Inbhir Nis UHI – www.inverness.uhi.ac.uk
- (L) Colaisde a' Chaisteil UHI – www.lews.uhi.ac.uk
- (M) Colaiste Mhoireibh UHI – www.moray.uhi.ac.uk
- (N) Ionad Mara NAFC UHI – www.nafc.ac.uk
- (T) Colaiste na Gàidhealtachd a Tuath UHI – www.northhighland.ac.uk
- (O) Colaiste Arcaibh UHI – www.orkney.uhi.ac.uk
- (P) Colaiste Pheairt UHI – www.perth.uhi.ac.uk
- (K) Sabhal Mòr Ostaig UHI – www.smo.uhi.ac.uk
- (S) SAMS UHI – www.sams.ac.uk
- (C) Colaiste Shealtainn UHI – www.shetland.uhi.ac.uk
- (B) Colaiste na Gàidhealtachd an Iar UHI – www.whc.uhi.ac.uk
Ionadan ionnsachaidh UHI

TUILLEADH CUIDEACHAIDH IS FIOSRACHAIDH

Airson tuilleadh fiosrachaiddh mu chùrsaichean, no gus am foirm seo fhaighinn ann an cruth eile, leithid litrichean mòra no braille, cuir fios gu **loidhne fiosrachaiddh UHI: 0845 272 3600**. Airson cuideachadh led iarrtas, cuir fios gu dìreach chun na colaiste no an ionaid ionnsachaidh as fheàrr leat.

Airson tuilleadh fiosrachaiddh mu chinn-là cudromach sa phròiseas inntrigidh, tadhail air: www.uhi.ac.uk/already-applied.

Cha bhi fiosrachadh a tha air a thional anns an h-earrannan a leanas air a chleachdadh anns a' phròiseas taghaidh, ach thathar air iarraidh airson adhbharan staitistigeil.

CINNIDHEACHD TÙSAIL

Cuir strìochag sa bhogsa as fheàrr a sheallas do chinnidheachd tùsail:

Geal:	Àisianach:	Dubh:	Measgaichte:						
13	Albannach	31	Innseanach	21	Cairibianach	41	Cairibianach Geal is Dubh	80	Tùs sam bith eile
17	Sasannach	32	Pacastànoch	22	Afraganach	42	Afraganach Geal is Dubh	98	Fiosrachadh air a dhiùltadh
18	Cuimreach	33	Bangladaiseach	29	Eile	43	Geal is Àisianach		
12	Èireannach	34	Sionach			49	Eile		
19	Eile	39	Eile						

FIOSRACHADH A BHARRACHD

Ma tha thu fo aois 21, sgriobh dreuchd do phàrant, do leas-phàrant no an neach-cùraim aig a bheil an tuarastal as àirde. Ma tha iad air an dreuchd a leigeil dhiubh no gun chosnad, sgriobh an obair mu dheireadh a bha aca. Ma thu 21 no nas sine, inns dè an obair a tha agad.

A bheil do gnè-aithne co-ionann ris a' ghnè a fhuair thu aig àm do bhref? Tha Chan eil B'fheàrr leam gun a ràdh

Dè do chreideamh?

<input type="checkbox"/> Gun chreideamh	<input type="checkbox"/> Criostach	<input type="checkbox"/> lùdhach	<input type="checkbox"/> B'fheàrr leam gun a ràdh
<input type="checkbox"/> Budach	<input type="checkbox"/> Hionduthach	<input type="checkbox"/> Creideamh sam bith eile	
<input type="checkbox"/> Sikh	<input type="checkbox"/> Spioradalach	<input type="checkbox"/> Muslamach	

Dè do roghainn-gnèitheasach?

<input type="checkbox"/> Dà-ghnèitheasach	<input type="checkbox"/> Fireannach Gèidh	<input type="checkbox"/> Boireannach Gèidh/Leasbach	<input type="checkbox"/> Iol-ghnèitheach/Dìreach
<input type="checkbox"/> Eile	<input type="checkbox"/> Gun innse		

A bheil barrantas foghlaim àrd-ìre aig gin de do phàrantan, leas-phàrantan no luchd-cùraim leithid ceum, dioplòma, no teisteanas foghlaim àrd-ìre?

Tha <input type="checkbox"/>	Chan eil <input type="checkbox"/>	Chan eil fhios agam <input type="checkbox"/>	B'fheàrr leam gun a ràdh <input type="checkbox"/>
Tha <input type="checkbox"/>	Chan eil <input type="checkbox"/>	Chan eil fhios agam <input type="checkbox"/>	B'fheàrr leam gun a ràdh <input type="checkbox"/>

An robh thu riamh ann an cùram?

(mar eisimpleir ann an cùram altramach, a' fuireach beò gu leth-neo-eisimileach no ann an dachaigh cùraim chòmhnaidh)

Ma tha thu air 'Bha' a fhreagairt dhan cheist gu h-àrd, comharraich an ùine iomlan a chur thu seachad ann an cùram, mas e do thoil e.	Eadar 3 mìosan is 1 bliadhna	<input type="checkbox"/> Nas lughna na 1 seachdain	Eadar 1 seachdain is 3 mìosan <input type="checkbox"/>
	3 bliadhna no nas fhaide	<input type="checkbox"/>	Eadar 1 bliadhna is 3 bliadhna <input type="checkbox"/>

Dè an cunntas as fheàrr air an t-suidheachadh agad an-dràsta:

San sgoil <input type="checkbox"/>	Foghlam eile (ann an colaise no oilthigh) <input type="checkbox"/>	Ann an obair làn-ùine <input type="checkbox"/>	Ann an obair phàirt-ùine <input type="checkbox"/>
------------------------------------	--	--	---

Gun chosnad (<i>gun a bhith clàraichte gun chosnad</i>) <input type="checkbox"/>	Clàraichte gun chosnad <input type="checkbox"/>	Eile <input type="checkbox"/>
--	---	-------------------------------

STÒR FIOSRACHAIDH

Dè an dà stòr fiosrachaidh bu chudromaiche dhut ann a bhith a' cur tagradh a-steach gu Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean? (Cuir crois anns an dà bhogsa as buntainniche)

FT	Leabhran-iùil na colaise	INT	Làrach-lìn eile	LIB	Leabharlann	OD	Tadhail air a' cholais/latha fosgailte
UHIP	Leabhran-iùil UHI	RA	Rèidio	LF	Bileag tron doras	SL	Sgoil
ULF	Bileag chûrsa UHI	TV	Sanas Tbh	CSS	Seirbheisean oileanach na colaise	LC	Ionad ionnsachaidh
WEB	Làrach-lìn na colaise	UTV	Sanas Tbh UHI	CA	Oifis dhreuchdan	EM	Fastaiche
UWEB	Làrach-lìn UHI	NE	Sanas/alt sa phàipear	CE	Fèill dhreuchdan	FF	Caraidean/teaghach

Stòr eile nach eil air an liosta (*ainmch e, mas e do thoil e*)

LEIS AN OIFIS A-MHÀIN

Àireamh ID an tagraiche

Còd cursa

Ceann-là ruigheachd

**LEIS AN OIFIS A-MHÀIN**

Aireamh ID an tagraiche

Còd cursa

Ceann-là ruigheachd

**FIOSRACHADH
MUN CHÙRSA**Bliadhna inntrigidh
(m.e. 2013)

Mìos inntrigidh

Colaiste UHI dom bheil
thu a' cur tagradhMur eil thu a'dol gu priomh àrainn na colaiste, cuir sìos an t-àite far am
bi thu ag ionnsachadh (m.e. ainm an ionaid ionnsachaidh, àite-obrach, no dachaigh)Tiotal a' chùrsa (Ma tha thu ag iarraidh gun tèid do mheasadh airson còrr is aon chùrsa,
faodaidh tu suas ri trì cùrsachean a chomharrachadh ann an òrdugh priomhachais)Còd cursa
(ma tha e
aithnichte)Bliadhna a'
chùrsa
(1st, 2nd, 3rd, 4th)Modh
ionnsachaidh
(Faic na còdan gu h-iosal)

Modh ionnsachaidh: Làn-ùine (FT), Pàirt-ùine (PT), Ionnsachadh aig Astar (DL), Oidhche (EW)

**FIOSRACHADH
PEARSANTA**Tiotal (m.e. Mgr/a' Bh-ph/a' Mh/
a' Bh-uas/an Dr is m.s.a.a.)

Là-breith (ll/mm/bb)

Ciad ainm

Sloinneadh

Sloinneadh roimhe
(ma bha)

Seòladh dachaigh

Còd puist:

Ainmean
meadhanachGnè
(f/b no eile)Seòladh conaltraidh (ma tha e eadar-dhealaichte bhon
t-seòladh dachaigh)

Còd puist:

Aireamhan fòn

Là

Feasgar

Àireamh fòn-làimhe

Àireamh SQA/Oileanaich Albannaich No (ma tha seo ann)

Seòladh puist-d

An robh thu a-riamh nad oileanach ann an
colaiste UHI?Bha Cha robh Ma bha, sgrìobh d' àireamh oileanaich gu h-iosal
(ma tha seo aithnichte)

Seòladh aig an àm (ma tha e eadar-dhealaichte bhon t-seòladh gu h-àrd)

Cùrsa mu dheireadh a rinneadh

Còd pùist:

FIOSRACHADH PEARSANTA A' *leantainn*

Cò-nàiseantachd

Nàiseantachd

Dùthaich do bhreith

An e a' Bheurla do chiad chànan? 'S e

Chane

Sgìre còmhnaidh mhaireannach (*an sgìre, am baile mòr, no an t-siorrachd aig luchd-còmhnaidh na RA NO an dùthach ma thathas bho thaobh a-muigh na RA*)

Ceann-là air an tàinig thu an toiseach dhan RA, (mura rugadh tu anns an RA) Cuir an ceann-là a thàinig thu don RA an toiseach no cuin a tha thu an dùil tighinn airson toiseach do chùrsa (ll/mm/bb)

Am bi thu air fuireach trì bliadhna san RA /Ceàrn Eaconamach na h-Eòrpa ro thoiseach do chùrsa?
(chan fhaođ foghlam làrn-ùine fhaighinn a bhith na phriomh adhbhar airson còmhnaidh)

Co mheud bliadhna a bha thu a' còmhnaidh ann an pàirt eile de Cheàrn Eaconamach na h-Eòrpa?

Co mheud bliadhna a bha thu a' còmhnaidh ann an Alba?

Co mheud bliadhna a bha thu a' còmhnaidh san RA?

Am bi thu a' fuireach ann an Alba gu maireannach ro thoiseach do chùrsa airson adhbharan nach eil ceangailte ri taigse ionnsachaид?

Bithidh | Cha bhi |

A thaobh chisean, a bheil thu qad mheas fhèin mar (*cuir strìochag ann an aon bhogsa gu h-iosal*)

Oileanach a' còmhnaidh ann an Alba, agus le sin gum faod thu a bhith airidh air taic maoineachaidh bho Bhuidheann Thabhartasan	<input type="checkbox"/>	Oileanach a' còmhnaidh ann am pàirt eile den RA, agus le sin, 's dòcha airidh air taic maoineachaidh bho bhuidhean maoineachaidh ann an Sasainn, a' Chuimhrigh no Éirinn a Tuath.	<input type="checkbox"/>	Oileanach EU/EEA	<input type="checkbox"/>	Oileanach eadar-nàiseanta	<input type="checkbox"/>
--	--------------------------	---	--------------------------	------------------	--------------------------	---------------------------	--------------------------

Ciamar a tha thu a' sùileachadh gun tèid na

cìsean agad a phàigheadh? (*Cuir ceartail mu thimcheall aon de na leanas*) SAAS Buidheann
'S dòcha gum bi feum air fianais a thaobh còmhnaidheachd airson Riaghaltais eile Fastaiche Mi fhèin Chan eil
d'inbhe a thaobh chìsean a dhearbhadh.

Comharrachadh a bheil thu airson tagradh a dhèanamh airson bursaraidh RUK. Airson tuilleadh fiosrachaидh faic: www.uhi.ac.uk/ruk-bursary

FOGHLAM

Thoir ainm is seòladh nan trì ionadan foghlaim mu dheireadh a fhritheil thu, a' tòiseachadh leis an fhearr mu dheireadh.

Mìos/Bliadhna Bho	Mìos/bliadhna Gu	Ainm agus Seòladh	Làn-ùine no Pàirt-ùine

Thoir fiosrachadh mu do theisteanasan foghlaim agus na toraidhean a tha agad, deuchainnean sam bith a bhios tu a' uidhe no mum bheil thu a' feitheamh (*Déan liosta de na toraidhean a tha agad ro na toraidhean ris a bheil thu a' feitheamh. Seo eisimpleirean de dh'írean theisteanasan: Meadhan l'ire 2, l'ire Choitcheann, Árd l'ire Albannach, l'ire A, Teisteanas EU. Cuir a-steach na teisteanasan Beurla agad, mur i a' Bheurla a' chìad chànan agad. Cùm ort air pìos pàipeir eile ma dh'fheumas tu*)

GREIS-GNIOMHACHAIS FHREAGARRACH

Thoir fiosrachadh mu ghreis-gniomhachais a tha a' buntainn ris an tagradh agad.
(Tòisich leis an fhastaiche mu dheireadh agus cùm ort air pios pàipeir eile ma dh'fheumas tu.)

Ainm an fhastaiche	Tiotal obrach/tuairisgeul	Mìos/bliadhna Bho	Mìos/bliadhna Gu

GNÌOMHAN TAOBH A-MUIGH A' CHURRAICEALAIM

An do ghabh thu pàirt ann an gnìomhan fairmeil/cùrsaichean gus do dheasachadh fhèin airson Foghlam Àrd-ire no Foghlam Adhartach? (m.e. gnìomhan ASPIRENORTH, SWAP, LEAP, sgoiltean samhraidh, cùrsaichean blasaid)

Cha do ghabh mi pàirt ann an gnìomhan/cùrsaichean mar sin ASPIRENORTH SWAP LEAP Eile

Mas eile, soilleirich mas e do thoil e _____

Ma tha thu air pàirt a ghabhail ann an cùrsaichean ullachaidh sam bith, thoir seachad fiosrachadh mu na gnìomhan a rinneadh, agus nad bheachd na fhuair thu asta anns an aithris phearsanta agad.

AITHRIS PHEARSANTA

Air pios pàipear fa leth, innis carson a thagh thu an cùrsa seo agus beagan mud dheidhinn fhèin, an obair a tha agad an-dràsta no bha agad (is greis-gniomhachais sam bith a rinn thu), cur-seachadan agus na tha thu air a bhith ris o chionn ghoirid. Inns gu mionaideach mu ghniomhachdan sam bith a rinn thu nach robh stèidhichte air deuchainnean agus bha na ullachadh airson àrd-foghlam no foghlam adhartach, leithid ASPIRENORTH. Is e seo earrann chudromach ded thagrach agus airson cuideachadh le seo a lònadh, tadhail air www.uhi.ac.uk/personal-statement.

TEISTEANASAN

Anns a' chumantas, chan eil litrichean-teisteanais air iarraidh, ach, airson chùrsaichean sònraichte, agus airson oilleanaich aig nach eil riataasan inntrigidh àbhaisteach, faodar litir-theisteanais iarraidh. Le sin, thoir fios mu chuideigin a bhiodh deònach a bhith na theistiche às do leth.

Ainm an teistiche

Dàimh an teistiche dhut fhèin

Dreuchd an teistiche

Sgoil/colaiste/buidheann (ma tha sin iomchaidh)

Seòladh an teistiche

Àireamh facs an teistiche Àireamh fòn an teistiche

Seòladh post-d an teistiche

Chan eil am fiosrachadh a tha air a thional anns an earrainn a leanas air a chleachdadhe anns a' phròiseas airson neach a thaghadh, ach bheir e an cothrom dhuinn a bhith a' co-obrachadh còmhla riut cho tràth 's as urrainn gus feumalachdan taic a chur air dòigh dhut. Cha bhi am fiosrachadh seo air a chleachdadhe ach airson seo agus adhbharan staitistigeil.

RIOCHDAN SLÀINTE no MEIDIGEACH

Tha sinn toilichte tagraighean fhaighinn bho oilleanaich le feumalachdan taice a bharrachd.
Tha na dòighean teagaisg againn sùbaile agus air an dealbh gus raon farsaing de
dh'fheumalachdan pearsanta a choinneachadh cho math agus as urrainn dhuinn.
(Cuir crois anns na bogsaichean a tha iomchaidh)

A
B
C
D
E
F
G
H
I
J
R

Gun chiorram

Tha ciorram sòisealta/conaltraidh orm mar Siondrom Asperger's/ mì-rian speactram òtasam eile

Tha mi dall no tha droch chion-fradhairc orm nach gabh a leasachadh le speuclairean

Tha mi bodhar no tha droch chìoram-claistneachd orm

Tha mi air a bhith a' fulang gu fada le tinneas no riochd slàinte mar aillse, HIV, tinneas an t-siucair, tinneas cridhe eachdraidheil, no an tinneas-tuiteamach

Tha riochd euslaint-inntinn orm mar trom-inntinn, sgoltadh-inntinne, no mì-rian iomagain-inntinn

Tha duilgheadas ionnsachaidh sònraichte agam mar disleicsia, dispracsia, no AD(H)D

Tha duilgheadas corporra no duilgheadas gluasaid agam, mar tàir mo ghairdeanan a chleachdadhe no cathair-cuibhle no cruidsean a chleachdadhe

Tha mì-chomas, ciorram, no riochd meidigeach orm nach eil air ainmeachadh gu h-àrd

Tha dà chiorram no barrachd orm agus/no riochdan meidigeach a tha gam chiorramachadh

Fiosrachadh air a dhìultadh

Tha taic càrach pearsanta agam

Bidh mi a' giùlan chungaidhean-leighis a tha àm-criotaigeach nan
(e.g. Epi-pen)

Inns mu fheumalachdan taice a bharrachd a tha agad _____

Tha raon de stòrasan taic ri fhaighinn airson oilleanaich: www.uhi.ac.uk/gd/oileanaich/taic

DEARBHADH

Tha Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean an geall nach bi dàta pearsanta air a phròiseasadh ach a-mhàin airson gnothaichean co-cheangailte ris an oilthigh agus airson inntrigeadh gu prògraman oidichte. Tha an t-oilthigh a' tional, a' cleachdadhe agus a' glèidheadh fiosrachadh (dàta) air luchd-tagraighean a ràir Achd Dion Dàta 2018 agus Riaghadh Coitcheann Dòn Dàta agus mar a tha dearbhte nar sanas mu phriobhaideachd is inntrigeadh gu foghlam àrd-ire.

Tha mi ag aontachadh gum faodar an dàta agam a phròiseasadh a rèir an t-sanais air priobhaideachd, a tha mi air leughadh anns na duilleagan a leanas**

Clò-bhual d'ainm _____

Le bhith a' cur a-steach an tagradh seo, tha thu ag aontachadh gu bheil am fiosrachadh a thug thu seachad ceart, cho fad 's as aithne dhut.

Till am foirm gu:

Oilthigh nan Gàidhealtachd agus nan Eilean
Inntrigeadh
Colaiste a' Chaisteil
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhas
Alba
HS2 OXR

Oilthigh nan Gàidhealtachd agus nan Eilean
Inntrigeadh
Sabhal Mòr Ostaig
Slèite
An t-Eilean Sgitheanach
Alba
IV44 8RQ



Is e an Rianadair Dàta airson fiosrachadh a tha air a thional: Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean (UHI), Oifis Stiùridh, 12B Slighe Nis, Inbhir Nis IV3 5SQ. Fòn: 01463 279000.

Ma tha ceistean agad no iomagain ort mun dòigh sa bheil an dàta pearsanta agad air a làimhseachadh, faodaidh tu bruidhinn ri oifigeach dòn dàta againn aig
dataprotectionofficer@uhi.ac.uk

Tha am fios-naidheachd seo air prìobhaideachd a' buntainn ris a' phròiseas a leanas:

Cleachdadh dàta pearsanta anns a' phròiseas inntrigidh airson foghlam àrd-ìre.

Tha Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean an geall d'fhiorsachadh pearsanta a dhìon agus a bhith soilleir dè seòrsa fiosrachaидh a thionalas sinn bhuat agus mar a cleachdas sinn e. Tha am fios prìobhaideachd seo a' mìneachadh mar a thionalas, a ghlèidheas, a phròiseasas agus a roinneas sinn an data pearsanta agad. Cuideachd, tha sinn a' mìneachadh nan còirichean agad a thaobh an fhiorsachaيدh phearsanta a bhios sinn a' cumail. Tha am fios prìobhaideachd seo a' buntainn ri pròiseasadh dàta pearsanta thagraichean airson phrògraman oidichte aig ìre fo-cheum agus iar-cheum.

Tha dàta neach-tagraidh air a thional anns na dòighean a leanas, nuair a:

- Ni thu tagradh airson ionnschadh aig Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean tro Sheirbheis Inntrigidh Cholaisteán agus Oilthighean (UCAS). Tha an dàta tagraidh agad air a ghluasad gu tèarainte bho UCAS thugainne, is bidh clàr tagraiche air a chruthachadh air siostam-chlàran nan oilleanach aig an oilthigh (SITS)
- Ni thu tagradh dìreach chun an oilthigh air foirm tagraidh air-loidhne, a chruthaicheas clàr tagraiche air SITS
- Lìonas tu foirm tagraidh pàipeir no PDF agus a chuireas tu thugainn e tro phost-d no anns a' phost. Cruthachaidh luchd-obrach inntrigidh clàr tagraiche agus cuiridh iad am fiosrachadh seo a-steach do SITS



Bidh am fiosrachadh agad air a chleachdad mar a leanas:

Bidh sinn a' pròiseasadh dàta thagraichean airson:

- Ion-roghnachd a mheasadh gus àite a thairgsinn air aon de na programan-oidichte againn
- Conaltradh riut gus am pròiseas inntrigidh a choileanadh
- Measadh a choileanadh air sgaoileadh-fiosrachaид agus iomchaidheachd airson obair far a bheil seo a'buntainn ri do chùrsa
- Dearbhadh inbhe in-imreachd thagraichean eadar-nàiseanta far a bheil seo iomchaidh. Mura toirear am fiosrachadh seo seachad, far a bheilear air iarraidh, chan urrainn don oilthigh a bhith na sponsair do thagraiche a bhios ag iarraidh Visa Tier 4

Na seòrsaichean fiosrachaид a bhios sinn a' tional:

- D' ainx agus fiosrachadh pearsanta mar sheòladh, post-d agus àireamh fòn, cho math ri là-breith, dùthaich còmhnaidh, agus nàiseantachd. Far a bheil e riatanach gabhaidh sinn àireamh do chead-siubhail no fiosrachadh mud chairt-aithne nàiseanta agus in-imreachd. Cuideachd, bheir sinn dhut àireamh-oileanaich shònraichte
- Fiosrachadh mud eachdraidh a thaobh foghlaim agus obair, mu na sgoiltean agus na colaiscean no oilthighean eile dhan deach thu, mu na h-àitean san robh thu ag obair, na cursaichean a rinn thu, deitichean a bha thu ag ionnsachadh agus toradh dheuchainnean. Bidh sinn cuideachd a' cumail chlàran air deuchainnean a shuidh thu, na h-ìrean a bha air an sùileachadh agus na dearbh ìrean agad, agus fiosrachadh eile air an fhoirm-thagraidh agad

Seo mar a chleachdas sinn an dàta pearsanta a bheir thu dhuinn, agus às aonais cha rachadh againn air an tagradh agad a phròiseasadh.

Ma roghnaicheas tu innse dhuinnt mu chiorram no feumalachd taice a tha agad, cleachdaidh sinn an dàta seo gus an urrainn ar sgiobaidean taice fios a chur thugad mun chuideachadh a dh'fhaodadh a thoirt seachad agus mu na rèiteachaidhean a dh'fhaodadh a dhèanamh air feadh am pròiseas inntrigidh agus air feadh an t-àm ionnsachaidh agad.

Ma roghnaicheas tu fiosrachadh pearsanta eile innse, mar a bhith fo chùram ùghdarras ionadail no gur e neach-cùraim a tha annad, bidh am fiosrachadh seo air a cho-roinn le luchd-breithnichidh acadaimigeach gus am faod iad beachdachadh air an t-suidheachadh pearsanta agad nuair a bhios iad a' measadh an tagraidh agad fon phròiseas inntrigidh co-theacsail againn. Bidh am fiosrachadh cuideachd air a cho-roinn leis an sgioba taic againn gus an tèid aca fios a chur thugad mun taic a tha ann dhut.



Cleachdaidh sinn an dàta agad gus fiosrachadh feumail eile a thoirt dhut mu sheirbheisean, mar àitichean-còmhnaidh a mholadh, taic maoineachais agus làthaichean fosgalte airson thagraichean, tro phost-d no am post.

Ma ghabhas tu àite air càrsa, pròiseasaidh sinn an dàta agad gus fiosrachadh a thoirt dhut mun càrsa, tachartasan inntrigidh agus seirbheisean taic.

Ma roghnaicheas tu an tagradh agad a tharraing às, tairgse a dhiùltadh no an t-àite agad fhàgail bàin, cleachdaidh sinn an dàta pearsanta agad gus bruidhinn riut ann am post-d, tron phost no air a'fòn, gus an tuig sinn na h-adhbharan agad agus gus an tèid againn barrachd cuideachaidh a thoirt dhut.

Tha dàta gun urra bho thagraichean air a chleachdad airson aithrisean agus gluasadan a sgrùedad gus sùil a chumail air ar pròiseas inntrigidh co-theacsail agus ar dleastanasan co-ionannachail fo Achd na Co-ionannachd 2010. Seo an seòrsa fiosrachaидh a bhios sinn a' tional:

- Fiosrachadh agus dàta pearsanta, diomhair, is na lùib foillsicheadh air staid meidigeach agus slàinte (m.e. ciorram agus feumalachdan bidhe) agus fiosrachadh mud chinnidheachd tùsail agus eitnig; creideamh no beachdan coltach; agus roghainn-gnèitheasach.

An t-adhbhar laghail againn airson dàta a chleachdad:

- Ion-roghnachd a mheasadh gus àite a thairgsinn air aon de na prògraman oidichte againn cho math ri conaltradh sònraichte sam bith a dh'fheumar airson am pròiseas inntrigidh a choileanadh:* tha an dàta agad air a phròiseasadh gus an urrainn dhuinn ceumannan a ghabhail le do thoil mus tèid cùmhnant aontachadh, agus ma ghabhas tu ri tairgse àite, a' coileanadh nan dleastanasan cùmhnantail againn dhad ionnsaigh (*Artaigil 6 1(b)*).
- Measadh sgaoilidhean agus clòragaidhean eile: gus an dleastanas laghail againn a choileanadh, *Artaigil 6 1 (c)*.
- Dearbhadh inbhe in-imricheachd: Cead/ Tha seo na dhleastanas laghail oirnn gus UKVI Sreath 4 riaghailtean visa, *Artaigil 1 (c)* a chumail.

- A' measadh agus a' toirt taic do chiorraman foillsichte no feumalachdan taice:* Tha e riatanach fiosrachadh pearsanta a chleachdad gus dleastanasan a choileanadh ann an raon lagh diona sòisealta *Artaigil 9 2 (b)*.

- A' toirt fiosrachadh buntainneach mu seirbhisean a tha rim faotainn:* airson adhbharan far a bheil rùn dligheil aig an oilthigh airson an sireadh, ach a-mhàin far a bheil priomhachas aig na càraichean daonna no na càraichean bunaiteach agus saorsa aig an neach dham buin an dàta, *Artaigil 6 1 (f)*. Is e an rùn dligheil aire a thogail mu sheirbheisean agus chothroman a chuidicheadh oileanaich thagrachail an oilthigh aca a thaghadh agus a cheadachadh gluasad rèidh gu inntrigeadh agus clàrachadh.



- *Conaltradh mu adhbharan airson tarraing às no airson tairgse a dhiùltadh:* far a bheil rùintean laghail aig an oilthigh, ach a-mhàin far a bheil priomhachas aig na còraichean daonna no na còraichean bunaiteach agus saorsa aig an neach dham buin an dàta, (Artaigil 6 1 (f)). Is e an rùn dligheil againn ar seirbheis do chustamairean a leasachadh tron t-slighe inntrigidh gu lèir.
- *A' cumail sùil air co-ionannachd:* Tha a bhith a' cur fiosrachadh pearsanta gu feum gu mòr a chum leas a' phobaill, agus tha Achd Dìon Dàta 2018 a' dèanamh soilleir gun urrainn seo ciallachadh sgrùdadadh a chumail a bheil co-ionannachd ann no nach eil, no a bheil làimhseachaidh eadar buidhnean eadar-dhealaichte ann. (Artaigil 9 2 (g)).

Tha an dàta a tha air a chleachdad a' thoirt a-steach dàta (dìomhair) ann an roinn-seòrsa shònraichte. Chan fheum thu am fiosrachadh seo a thoirt seachad. Is e an t-adhbhar dligheach againn airson a bhith a' cleachdad an dàta dhìomhair seo, far a bheil e air a thoirt seachad:

Tha pròiseasadh riatanach gus na dleastanasan agus na còraichean sònraichte aig an rianadair no aig an neach dham buin an dàta a chur an gniomh ann an raon lagh dìon sòisealta.

Tha dàta air ciòrraman foillsichte no air feumalachdan taice air a chleachdad gus dèanamh cinnteach gum faod an oilthigh an taic a dh'fheumas, agus socrachadh reusanta a dhèanamh mar a dh'iarras Achd na Co-ionannachd 2010.

Tha dàta foillsichte air eòlas càrach no dleastanasan càrach air a chleachdad mar phàirt den dleastanas againn gus cothroman inntrigidh fosgladh a-mach agus gus inntrigidhean co-theacsail agus poileasaidh riaghaltas na h-Alba a choileanadh.

Tha gach pìos dàta ðiomhair agus sònraichte air a thasgadh ann an ionad tèarainte. Tha an dàta a dh'iarrar airson sùil a chumail air co-ionannachd air a chleachdad a-mhàin airson staitistigs a mhion-sgrùdadadh a thaobh fheartain tèarainte gus sgrùdadadh a dhèanamh air gèilleadh ri Achd na Co-ionannachd 2010.

Nan diùltadh tu am fiosrachadh pearsanta a dh'fheumas sinn airson a' phròiseas seo a thoirt seachad, 's e thachradh nach d' rachadh againn air an tagradh agad a phròiseasadh:

A' measadh ion-roghnachd airson tairgse a thoirt airson aon de na prògraman oidichte againn, cho math ri conaltradh freagarrach sam bith ceangailte ris a' phròiseas seo.

Far a bheil e iomchaidh, sgaoileadh agus sgrùdaidhean cliorraigidh eile.

Far a bheil e iomchaidh, dearbhadh inbhe in-imricheachd.

Nan diùltadh tu am fiosrachadh pearsanta a dh'fheumas sinn airson a' phròiseas seo a thoirt seachad, 's e thachradh nach d' rachadh againn air an tagradh agad a phròiseasadh.

A' measadh agus a' thoirt taic do ciòrraman foillsichte no feumalachdan taice.

Tha e ceadaichte dhut fiosrachadh mu ciòrraman sam bith no feumalachdan taice a thoirt seachad no gun a thoirt seachad. Mura sgaoil thu am fiosrachadh seo, cha tèid againn air taic bhuntainneach a thoirt dhut tron phròiseas tagraidh. Faodaidh tu, ge-tà, am fiosrachadh seo a sgaoileadh thugainn aig ìre sam bith den tagradh agad airson ionnsachadh còmhla rinn.



Bidh, no dh'fhaodadh gum bi, an dàta agad air a roinn am measg nam faightearan no na seòrsa fhaighearean seo:

- Buidhnean proifeasanta agus riaghailteachais m.e. Comhairle nam Banaltraman is Ban-Glùine

UCAS:

- Airson thagraichean UCAS, tha an dàta mu na co-dhùnaidhean dhan tig an t-oilthigh agus an tagraiche tron phròiseas tagraidh air tar-aiseag gu cunbalach eadar siostam UCAS agus siostam-chlàran againne airson oilleanaich
- A rèir ar cùmhnan le UCAS, roinnidh an t-oilthigh dàta thagraichean le UCAS mu oilleanaich clàraichte air prògraman fo-cheumnach làn-ùine a rinn tagradh dìreach dhan oilthigh
- Roinnean Riaghaltais agus buidhnean, far a bheil dleastanas reachdail againn fiosrachadh a thoirt seachad, e.g. Oifis na Dùthcha (an lùib visathan RA agus in-inntrigidh)
- Sgaoileadh na h-Alba, far a bheil am prògram ionnsachaidh a thagh thu ag iarraidh sgrùdadhbh PVG
- Slàinte Obrach airson phrògraman feumachdainn measadh ion-fhareagarrachd airson obair

Bidh an dàta tagraidh agad air a chumail air siostam-chlàran nan oilleanach aig an oilthigh, cho math ri teisteanasan agus pàipearan-taice sam bith a bha air an cleachdadhbh nuair a bha an tagradh agad air a phròiseasadh. Bidh iad sin air an stòradh gu tèarainte agus a rèir siostam-chlàran nan oilleanach agus sgeideal glèidheadh phàipearan; tha geàrr-chunntas an seo

Is iad na còraichean a leanas na còraichean aig an neach dham buin an dàta:

- Còir an dàta pearsanta agad a ruigsinn
- Còir dàta pearsanta a tha sinne a' cumail mud dheidhinn nach eil ceart a chur ceart
- Còir bacadh a chur air an dàta agad a bhith air a phròiseasadh

TChan eil na còraichean a leanas air an cur an gnìomh ach ann an suidheachaidhean àraig:

- A' chòir cead a tharraing air ais aig àm sam bith mas e cead ar bonn laghail airson an dàta agad a phròiseasadh
- A' chòir cur an aghaidh an dàta agad a bhith air a phròiseasadh leinne
- A' chòir iarraidh air an dàta pearsanta agad a bhith air a dhùbhadh a-mach (sguabadh às)
- A' chòir air dàta a għluasad

Tha còir agad cuideachd gearan a chur gu Oifis Coimiseanair Fiosrachaидh mar a làimhsich sinn an dàta agad.